

## [Read in Gaelic | Leugh seo sa Ghàidhlig](#)

Partnership council update – issue 2, 4 November 2020

[Partnership council](#) has agreed that a note of the key discussions in their meetings will be circulated to the chairs of the academic partner boards and all university partnership staff after each monthly meeting. This update is a summary of the discussion and not a formal minute.

The chair of partnership council, Professor Crichton Lang, announced his retirement to members. He will leave at the end of December 2020. Professor Lang reported that he has already been closely engaged with Professor Todd Walker, the incoming principal and vice-chancellor. This would continue in the coming weeks to ensure a smooth transition without any loss of momentum for the change management plan.

Scottish Funding Council review and regional strategic body evaluation

They discussed the ongoing review and evaluation and expressed their desire to respond proactively and positively to the recommendations, and tie this into the extensive change management plan work already underway.

Scotland's Rural College (SRUC)

They discussed potential closer collaboration with Scotland's Rural College (SRUC) was also discussed, with members agreeing to explore closer links to mutual benefit, with a view to incorporating this proposal with other work around academic partner alignment.

Change management plan

They received an update on the plan. They agreed to prioritise and highlight the work around the health and wellbeing workstream in particular and welcomed the appetite and willingness for change across the partnership reported by the project team.

Resource allocation model and college credit activity target

They discussed proposed changes to the resource allocation model (commonly referred to as the RAM) and college credit activity target methodologies. They agreed both proposals required further discussion and consultation to find a solution that met the partnership's requirements and expectations. They also agreed that both workstreams were heavily interdependent with other change activities underway.

Branding and positioning project

They reconfirmed their commitment to the third phase in the project which would finalise a more closely aligned brand hierarchy and visual identity to be deployed across the university partnership.

Other items discussed included

- Research strategy to respond to Covid-19 – include feedback into Scottish Funding Council phase two review.
- Strategic plan – no substantive update other than to approve next steps.
- Update on externally funded programmes and projects - points of contact and coordination to be included.

- Update on student recruitment - no substantive discussion but further updates in December.
- Athena Swan - deadline pushed back to November 2021, but preparatory work still being progressed as scheduled.
- Accessibility legislation - agreed to find a simple and clear approach to coordinating this and a senior manager would be assigned after the meeting.
- Finance system update - still in the testing phase and a presentation on functionality to be offered once the operational readiness phase is completed.

\*\*

Ùr-fhiosrachadh na comhairle com-pàirteachais – eagraan 2, 5 Samhain 2020

Tha [comhairle a' chom-pàirteachais](#) air aontachadh gum bi cunntas air na prìomh dheasbaidan sna coinneamhan aca air an cuairteachadh gu cathraichean bùird nan com-pàirtichean acadaimigeach, agus gu luchd-obrach com-pàirteachas an oilthighe uile às dèidh gach coinneamh mhìosail. Tha an t-ùr-fhiosrachadh seo mar gheàrr-iomradh air an deasbad seach gearr-chunntas foirmeil.

Dh'ainmich cathraiche na comhairle com-pàirteachais, an t-Àrd-Ollamh Crichton Lang, do bhuill gu bheil e a' leigeil dheth a dhreuchd. Fàgaidh e aig deireadh na Dùbhlachd 2020. Dh'aithris an t-Àrd-Ollamh Lang gu bheil e mar-thà air a bhith ann an dlùth chonaltradh ris an Àrd-Ollamh Todd Walker, am prionnsapal agus an t-iar-sheansailear a tha ri teachd na àite. Leanaidh seo sna seachdainean a tha romhainn gus a dhèanamh cinnteach gum bi an t-eadar-ghluasad cho socair 's a ghabhas gun bhuaidh sam bith a thoirt air a' phlana stiùiridh.

Ath-sgrùdadh Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus luachadh buidheann ro-innleachdail roinneil

Rinn iad deasbad air an ath-sgrùdadh agus an luachadh a tha a' leantainn agus nochd iad an rùn air freagairt gu for-ghnìomhach agus gu dearbhach do na molaidhean, agus seo a cheangal a-steach do dh'obair a' phlana stiùiridh atharrachadh farsaing a tha a' dol air adhart.

Colaiste Dhùthchail na h-Alba (SRUC)

Rinn iad deasbad cuideachd air a' cho-obrachadh dlùth a tha comasach le Colaiste Dhùthchail na h-Alba (SRUC), le buill ag aontachadh ri ceanglaichean nas dlùithe a rannsachadh airson buannachd da chèile, a' coimhead ris a' mholadh seo a ghabhail a-steach don obair eile mu thimcheall co-thaobhadh air com-pàirtichean acadaimigeach.

Plana stiùiridh atharrachadh

Fhuair iad fiosrachadh às ùr air a' phlana. Dh'aontaich iad prìomhachas agus cudromachd a thoirt don obair timcheall air an t-sruth-obrach slàinte agus sunnd gu h-àraid, agus chuir iad fàilte air a' mhiann agus an deòin airson atharrachadh tarsainn a' chom-pàirteachais, a bha air aithris leis an sgioba pròiseict.

Modail riarachaidh ghoireasan agus targaid ghnìomhan creideis na colaiste

Rinn iad deasbad air na molaidhean a bha san amharc don mhodail riarachaidh ghoireasan (ann an cumantas air aithris mar RAM) agus modhan-obrach targaid ghnìomhan creideis na colaiste.

Dh'aontaich iad gun robh barrachd deasbaid agus co-chonaltraidh a dhìth air an dà mholadh gus fuasgladh fhaotainn a bhiodh a' coileanadh riatanasan is dùilean a' chom-pàirteachais. Dh'aontaich iad cuideachd gun robh an dà shruth-obrach gu mòr ann an eisimeil ghnìomhan atharrachaidh eile a bha a' dol air adhart.

Pròiseact branndaidh is suidheachaidh

Dh'ath-dhaingnich iad an dealais a thaobh na tritheamh ìre sa phròiseact, a chuireadh crìoch air rangachd branndaidh a bhiodh air a cho-thaobhadh nas dlùithe agus dearbh-aithne lèirsinneach a dheigheadh a chleachdadh tarsainn com-pàirteachas an oilthighe.

Am measg chùisean eile a chaidh a dheasbad, bha

- Ro-innleachd rannsachaidh mar fhreagairt do Covid-19 – a' gabhail a-steach ais-fhiosrachadh air ath-sgrùdadh ìre a dhà de Chomhairle Maoineachaidh Alba.
- Plana ro-innleachdail – chan eil ùr-fhiosrachadh brìoghmhor sam bith a thuilleadh air aonta a thoirt do na h-ath cheumnan.
- Ùr-fhiosrachadh air prògraman agus pròiseactan a tha maoinichte bhon taobh a-muigh – puingeann conaltraidh is co-obrachaidh rin gabhail a-steach.
- Ùr-fhiosrachadh air trusadh oileanaich - chan eil deasbad brìoghmhor sam bith ach bidh barrachd fiosrachaidh às ùr san Dùbhlachd.
- Athena Swan – ceann-latha deireannach air a chur air ais gu Samhain 2021, ach obair ullachadh fhathast ga chur air adhart mar a bha san amharc.
- Reachdas ruigsinneachd – dh'aontaicheadh air dòigh-obrach shìmplidh is shoilleir a lorg ann an co-òrdanachadh seo agus dheigheadh àrd-mhanaidsear a shònrachadh às dèidh na coinneimh.
- Ùr-fhiosrachadh siostam ionmhais – fhathast san ìre deuchainnidh agus taisbeanadh air comas-gnìomhaidh ri thairgsinn aon uair 's gu bheil an ìre deisealachd obrachail crìochnaichte.